

Ann an duil gum faigheadh iad an t-airgiot-cinn a bha air a thairgse, bha na saighdearan a leag an t-oganach lan gairdeachais; bhuin iad an ceann deth, agus tha e air a radh gun do thar Diuchd Chumherland as leis na charbad do Lunnuinn. Leis a so chaidh moran de na saighdearan a tharruing as an duthaich, agus cha robh iad eo titheach air toir a Phrionnsa.

Chaidh Tearlach do Dhuthaich Mic Dhomhnuill-duibh far an do chuir e seachad an uine air feadh bheanntai fiadhaich na duthcha sin, le Mac Dhomhnuill duibh agus Tighearna Chluainidh, gus an treas-la-deug de mhios meadhonach an fhogharaidh, nuair a fhuair e fios o Fhearr Ghlinnealadail gun d'fhainig na soitbhechan a bha ri e fein agus e chairdean a ghiulan do'n Fhraing. Nuair a fhuair e 'n sgeul aoibhneach so, thug e fein agus a chairdean orra gu grad do Mhuideart.

Is surast a sinuaineachadh gum bu ghoirt a chridhe 'nuair a thainig e ris an sealladh an aite sin far an do thog e ceithir mios-a-deug roimhe sin, a bhratach ri crann. Bha e san am sin ann an airidh a dhochais, bha siughair aig ri rioghachd a shinnis; agus cha robh ri chlainnitinn san aite sin ach iolach sholais o mhoch-thra gu feasgar, mar bha na Fineachan treanna Gaedhealach a cruinneachadh le piob is bratach m'an euairt da. A nis, tha e dluthachadh air an aite cheadna na shogarach bochd, a cholann air call a drench, agus inn-tinn fo bhuaireas trom. Bha a luchd-eomhaideachd air an claoi dh le anradh, air call na bha aca de'n t-saoghal, agus an luchd-millidh anns gach ait air an toir; na h-uile ni a enr na chuimhne gun robh gach dochas agus duil a dh'arach e riagh e nis air am muchadh gu brath.

Rainig e 'n traigh, far an do labhair e riu-sau a lean e le misнич mhór. O sheil gach treun-fhear dileas a phla lath air, bha na deoir a tuiteam gu frasach agus cha robh r'a chluinnntinn ach an osna throm. "Pillidh mi f hathast, mo chairdean dileas, deir 'Tearlach, biodh agaibhse deagh mhis-neach, theid siunn f hathast do'n ar-shaich le choile; ithidh agus olaidh sin ann an pailliunibh an Righ, agus an sin chithear an speis a th' agam sa do na Gaedheil." Bha